

I 479

S.1263 (27)

DAIN SPIORADAIL

LE

CALUM MAC NEACAIL,

MAIGHSTIR-SGOILE NA H-EAGLAISE SAOIRE,

AN

SGIRE BHARBHAIS.

PUBLISHED BY M'PHERSON & Co., STORNOWAY.

PRINTED BY A. SINCLAIR, GAELOIC AND ENGLISH PRINTER,
62 ARGYLE STREET, GLASGOW.

National Library of Scotland



B000500732

From Rev. of Nicholson to
S. Cameron
DAIN SPIORADAIL
when in West
Lochbordale LE

CALUM MAC NEACAIL,

MAIGHSTIR-SGOILE NA H-EAGLAISE SAOIRE,


AN

SGIRE BHARBHAIS.

Confused by -

PUBLISHED BY M'PHERSON & Co., STORNOWAY.

PRINTED BY A. SINCLAIR, GAELIC AND ENGLISH PRINTER,
62 ARGYLE STREET, GLASGOW.



A N C A N R A N.

- 1 Och ! och ! mo sgeul ascreideamh thréun,
 'S tu dh'ag mo chèum gun deò ann,
 'S tu lion mo chré le toibheum geur,
 An aghaidh Dhé na trocair ;
 Bi cainnt do bheil da'n tug mi géill,
 Nach b'fhirinn sgeul Iehòbha ;
 Mu aon mhac caomh ghabh nàdur dhaoin,
 'S nach robh na ghaol dad dhomhsa.
- 2 Nuair bha mi'n dùil gun d'uair mi lùs,
 A mhuch thu ann san àraich ;
 'Sin thainig triùir le aghaidh chiùin,
 Ach nimh na'n grùnnnd on Dràgon ;
 Se'n t-ainm san cliu a th'aig an triùir,
 Cion-urnuigh, féin, is árdan,*
 A thog mi cian air bhíarr an sgiath,
 Gu teine sliabh Shinai. (Gal. iii. 10.)
- 3 'S an triùir a shaoil mi bhi cho cairdeil,
 Dh'fhàg iad mi na'm eigin ;
 Fhuair mi na'n àite ciont gam shràchdadhl,
 Dh'ag gun ràn gun èigh mi :
 'S bha 'neach a dh'ag mi mùcht, san àraich,
 'N trà so cur an cèill dhomh,
 Is mor guin bèarr dhut coigrich ghràdhach,
 'S rach gun dàil nan dèighsan. (Jer. ii. 25.)
- 4 'Sin bha mi 'm shineadh air bheag clì,
 Mar ncach a bhiodh gun deò ann ;
 Gun fhios de ni, gun sgeul air Criod,
 Le iocshlainnt bhcireadh beò mi :
 Bha cionta 'grà, cha'n fhaigh thu bàigh,
 'S as-creideamh, slàn le trocair,
 Cuimhnich binne na craoibh fhìg. (Matt. xxi. 19.)
 Oir 's ionnan erich do sheorsa..

*Se na h ainmean is freagaraiche do'n triuir so, socair-fheolmhor, féin-fhìreantachd, agus, uaill spioradail.

- 5 'S mo chridhe trom gun sith am chòm,
 Cha tog mi fònn an aoibhneis,
 Cha seinn mi ceòl air tèud a bhròin,
 Tha m'òrgan dhomh neo fheumail.
 Mo chlàrsach lòm gun tèud ni fònn,
 Cha seinn i tròm na èutrom,
 Ach crocht, an àird fo smal 's fo thàir,
 Gun sùil gu brach ri glènsadh.
- 6 Co dheth na naoimh ri'n tionndaidh mi. (Job. v. 1.)
 Cha chualas aon mar tha mi,
 Gun la gun oidhch, gun bhron gun aoibhneas,
 Gun mi tinn na slainteil,
 Na m' chreich don bhàs, le cridhe slàn,
 Ri m' nàmh a ghna an réite ;
 Nam chusbair gràin gun fhuachd gun bhlàs,
 'Smi brathair Laodicea. (Rev. iii. 15, 16.)
- 7 Tha m urnuigh ghnà na h-aobhar gràin,
 Gun lùs gun bhlàs gun èifeachd,
 Gun ghleachd gun spairn gun sùil an aird,
 Gun chràdh mur faigh i eisdeachd,
 Le inntin dhiomhain 's cridhe cruaidh,
 Le spiorad suain is dùsail ;
 Nach ioghna leibh nach tilgte mi,
 Do dh-ifinn air mo ghlùinibh.
- 8 Mo chridhe sanntach, lùbach naimhdeil,
 Lan do fhoill 's do árdan,
 Mar shlochd gun ghrunnd mar chùil gun soills,
 Mar sheòmraichibh an fhàidhe, (Ezek. viii. 6, 13, 15.)
 'S e na lios-àraich gach droch phlannd,
 'S na shamhla do Bhetàbhen,
 'S e glinà do shàsuicht' mar an uaigh,
 Siòr-shlugadh truailleachd Shàtain.
- 9 Mo chridhe fuar fo reothadh cruaidh,
 'S e ghnàth fo shnuadh a gheamhraidh,
 Gun driuchd o nèamh gun bhlàs na gréin,
 Ach seulaichte le teanntachd.
 Na chabhsair saor gach miann mi-naomh
 'Toirt aoidheachd dhoibh gun an-tlachd,
 Ach glaist' gu cruaidh 'n uair bhuaileas Criod
 'S a riaghladh aig na naimhdcan.

- 10 Cha 'n 'eil bagradh anns a' Bhiobull
 Nach d' rinn mi mhi-ghnàthach,
 'S gach gealladh shaoil mi bhi dhomh prìseil,
 Mheas mi rith'st iad tàireil;
 Is cha 'n 'eil bòid thug mi do 'n Righ
 Gu 'm bithinn dileas dhasan
 Nach bristinn sios mar shnaithne faoin,
 'N am buaireadh teinnteach Shàtain.
- 11 Gun ghaol dha féin no dh' aon dheth threud
 Aeh mar blios feun ga m' threòrach,
 Gun bhuaidh dhomh 'm briathraibh beò a bheil
 Mar séid iad mi le eòlas,
 Gun lus gun eud an aobhar Dhé
 Mar faigh mi féin a ghlòir dheth,
 Gun suim de 'n léigh ged tha mo chreuchd
 Mar ainfheol bhreun 's mar otrach.
- 12 Tha iomadh plàigh nam chridhe tàmh,
 Nach faod an dàn so sheanchas;
 'S nach deanain inns' do 'n neach is dills'
 Ma 'm measta mi nam chealgair
 'S gach aidmheil fhaoin ni mi do dhaoin
 Air olc mo chri 's mo nàduir,
 Tha iarrtas diamhair na mo chliabh,
 Nach creidte au ciadanìh pàirt dheth.
- 13 Is cha 'n 'eil ceuin a ni mi féin,
 Nach iarr an fhéin ann àrach,
 Mar mhuillear teann nach leig air dàmin,
 Gu 'm bi a mholldair pàighte,
 Nach ioghnadh leibh i bli cho faoin,
 'S gun riaraich aobhar nàir i,
 Oir cha 'n 'eil focal, smuain, no gnìomh,
 Nach iarr i bhi ga h-àrdach.
- 14 Cha 'n e mo phlàigheanu, mòr 's mar tha iad,
 Dh' fhàg mo chor cho brònach,
 Ach fois a' bhàis a luidh air m'airnibh,
 'S mi gun chàil do thràcair,
 Gun sùil a chi, a mhais tha 'n Criod,
 Gun toil dha 'n iocshlaint bheò tha'ig,

Gun chreideamh air a lànachd shaor,
A ghaol na thoil gu m' chòmhnaadh.

- 15 O in' anam dùisg, crath dhiot an àir, (Isa.lii.2.)
Thoir suil le creideamh teàrnaidh,
Air righ nan dùl sa chiabh fo'n driùchd,
'S e 'g iarraidh rùm na d' àrdaich, (Cant. v. 2.)
Sin uat do làmh 's cuir i na thaobh,
'S do mheur an tuill nan tàirnibh, (John xx.25 27.)
Is aidich dha, le nàir is gaol,
Is tu mo righ 's mo shlànfhear.
- 16 Thoir aoigheachd shaor, do'n spiorad naomh,
Se shaoras o gach plàigh thu,
'S na cràidh nis mò e choidh gad dheòin, .
Le fein no gò no àrdan;
Faigh gràdh is irisleachd gach lò,
Faigh naomhachd 's dòchas sábhailt,
'S tre chreideamh fior bi sir thigh'n beò,
'S na pill nis mò ri d' chànan.
-

EARAIL DO OIGHEAN, A.D. 1860,

- 1 Bu mhiann leam earail neò-chealgach,
Thoirt do luchd aideachaidh Bharbhais,
'S mi ann an dòchas san earbsa,
Nach bi mo sheanchas gun stà;
Grad iarr an spiorad gu dhearbhadh,
Am bheil thu nis air tath-ghineamhnu
Am bheil do dhùochas gun cheilg ann,
'S an d' fhuair thu seilbh air a ghrádh;
Is cuimhnich aimid nan òighean,
A theirig oladh nan lòchrain, (Matt. xxv. 8-12.)
'S an uair a dhùineadh a chòmhì orr,
Bha'n dùil san dòchas gun stà,
'S an dream a labhair gu pròiseil,
Gun dh'ith 'sgun d'òl air do bhòrd sinn, (Luke xiii.
Be fhreagradh cianail dha'n t-seòrs' ud; [26.28]
Cha d' fhuair sibh còir na mo shlàint.

- 2 Sa chionn nach b' aithne dhomh riamh sibh
 A bhi nar cloinn dhomh nam' fhionlios,
 A nise triallaibh as m' fhianuis,
 Gu teine siorruidh g'ar cràdh,
 Ged dh' ith 's ged dh' òl sibh am làthair,
 Cha b' ann o ùmhachd no gràdh dhomh;
 Ach chum gu faigheadh sibh àite,
 Mar mo chàirdean 's mo chlann,
 Is o nach tug mi dhuibh aithne,
 'Snach sibh mo dhcisciobuil ghràdhach,
 'S ann chum ar diteadh 'sur näire, (1 Cor. xi, 27-29.)
 A ghabh sibh àit mar' ri m' chloinn,
 Ach gabhaibh earail nan òighean, (Matt. xxv.9.)
 Mu'n dùinear dorus na tròcair,
 Is gheibh sibh oladh gun sòradh,
 A chur ur lòchrain gu soills.
- 3 Ach ma's e neach thu tha brùite,
 'S gun dhearbh an lagh ort teas-ùmhachd,
 'S a liuthad masladh is dùlan,
 Thug thu do ùghdar na slàint,
 'S gun robh do thoil air a lùbadh,
 Is gun do dh'fhosgladh do shùilean,
 'S gun d' fhuair thu 'n spiorad gu t-ùngadh,
 'S gu bhi ga d' ionnlad o d' phlàigh,
 Is gun robh Criosd dhuit priseil,
 'S gun d' rinn e fhocal mar chich dhuit, (1 Pet. ii.2.)
 A chum bhi beathachadh daonnan
 Air fein mar aonfhear do ghraidi,
 Is bidh tu 'g ionndrainn 's cha'n iognadh,
 Gach là co chomunn a ghaoolsan, (Job xxiii. 3.
 Bidh t-oibre marbha nan daors dhuit,
 Is t-casbhuidh gaoil dha na chràdh.
- 4 'S a réir a gheallaídh nach caochail,
 Gun dean e chuingsan dhuit aotron,
 'S bidh àitheantan uile leat priseil,
 'S cha mheas thu aon dinbh le tàir,
 Is bidh an t-suipeir mar aon dinbh,
 Gu cumail cuimhn' air a ghaol san,

A rinn thu glan le fhuil naomha,
 Sa rinn do shaoradh on bhàs;
 Ach biodh do thaise ris daonnan,
 'S tu 'g earbs á lànachd t-fhir-shaoraidh,
 'S do ghràdh 's do chreideamh cha dìbir,
 Tre chumhnant storruidh a ghràdh;
 Ach thoir an aire nach claoen thu, (1 Cor. x. 12.)
 Gu foirm is àrdan is faoimbheachd,
 'S gu inntinn thalmhaidh mhi-naomha,
 'S gu dùrachd faoin is meagh-bhlàs.

5 Air dhomh bhi nis a co-dhùnadadh,
 Leig dhomh a sparradh as ùr ort,
 Na gabh an t-suipeir gun chùram,
 An d' fhuair thu 'n tungadh on àird,
 An d' fhuair thu eòlas air Criod
 Bhi mar t-fhear-posda dhiol t-fhiachan,
 Sam bheil a ghloirsan mar chrìoch dhuit;
 Sa lagh mar riaghailt a ghnà:
 Ach mas a neach thu thug fianuis,
 Gur aon do dheisciobuil Chriosd thu,
 'S do chaithe beatha mi-rianail
 A toirt dha t-fhianuis na brèig;
 Grad theich gu luath gu fuil Iosa,
 Le bròn 's le aithreachas diadhaidh,
 'S le creideamh beò aìr mar t-iobairt,
 Is bheir e sith dhuit ris féin.

EARAIL DO LUCHD-AIDEACHAIDH MHEAGH-BHLATH.

1 Tha treun-mhealladh anns an talamh,
 Measg nan caibeal bàna (Matt. xxiii.27).
 Cur aidmheil peacaidh 's diteadh coinseas,
 'N àite creideamh teàrnidh
 Gheibh thu 'n scòrs' ud socair còmhnidh,
 Gun bhonn dòchais sàbhailt,
 Ach gearain socair air droch cri,
 'S gun aithn' air Criod no ghràsibh.

- 2 Cha d' fhuair iad creideamh air a bhàs,
 A bheireadh dhasan dlùth iad (Eph. ii.13.)
 Cha d' fhuair iad creideamh air a ghràdh,
 A bheireadh cail gu ùmhachd (2 Cor. v. 14.)
 Cha d' fhuair iad eòlas air a shlàint,
 Gu claoïdh gach plàigh tha anna
 Tha 'n dòchas marbh air bonn na foirm
 Gun aithn' air seilbh san ùrnuigh,
- 3 Tha e mar chluasaig fois d'an cinn
 Nach urr' iad féin an teàrnadh,
 Tha creud nam beul air cumhachd Dhé
 Nach d' ràinig réamh an airnibh
 Ach aobhar osnaich ghoirt nan naomh (Rom. vii. 23.)
 Tha sud mar dhìdean dhoibhsan
 Ach naomhachd gradh is dearbhachd-lan
 Cha d' fhuair iad pairt no roinn diubh.
- 4 Ged bhios na naóimh gun fhois gun sith
 N uair bhios iad ann san dorcha
 'S a bhios an creideamh air bheag clith
 'S an dichioll a fas doirbh dhoibh,
 Nuair bhios na tuinn a teachd don luing
 Sa stoirm a fas ro ghaillbheach (Mk. iv.37.)
 'S e miann an cri gun duisgeadh Ios'
 A labhairt sith ri 'n anamibh.
- 5 Tha 'n t-sith th'aig càch gu mealltach tlà
 Mar bha o shean aig Moab (Jer. xlvi. 11)
 Bha shoitheach làn 's a ghrùid 'na tàmh,
 Am blàs 's am faile neo-ghlan,
 Cha 'n ionnan sin is clann nan grás,
 Tha ghnà an t-uisge bed ac', (John vii. 38.)
 'S le fheartibh fial a' casg gach miann,
 'S gach tart is ciocras feòlmhor. (John iv. 14.)
- 6 Gabh beachd gun dàil air earail Phauil,
 Mar dh' fhàgadh againn sgrìobht' i,
 Is ceasnaich trà an d' fhuair thu gràs, (2 Cor. xiii. 5.)
 A chreideamh shlàinteil phriseil,

- 'S e chuireadh gràdh an cleachdadhd blàth,
 'S do thaic air gàirdean Iosa,
 'S na bi ri uaill a gearain fuar,
 Air cridhe crnaidh 's tu 'n sìth ris.
- 7 Faigh cridhe nuadh bheir rùm do 'n uan,
 'S e bualadh agad daonnan,
 Grad dhùisg o d' shuain 's bi teth no fuar,
 Mu 'n tilg e uaith a thaobh thu,
 Is faigh sàbh-shùl 'bheir fradharc ùr,
 'S faigh trusgan ùr na réite,
 Is gheibh thu 'n t-òr tha dearbht' gun ghò,
 Is crùn na glòir na dhéigh sin.
- 8 Ach 's aobhar nàir' dhomh smuirnein chàichl,
 Na 'm dhàn a bhi ga ainmeach,
 'S ma chreidear Paul, tha e ag ràdh
 Nach tar neach ás o dhamnadhd,
 Bheir breith gun bhàigh air ni tha 'n càch,
 'S e fèin a ghnà dha 'géilleadh, (Rom. ii. 3.)
 O Rìgh nan grás buin fèin gun dàil,
 An t-sail o àit' mo leirsin, (Mat. vii. 5.)
9. Thoir fradharc ùr a chi do ghnùis,
 'S a ghrùid a tha nam nàdur,
 Thoir toil nach diùlt 's a ghabhas tu,
 'S gach daimh am bheil thu teàrnadh,
 Mar lighich saor mar urras naomh,
 Mar shagart, rìgh, is fàidhe,
 Mar bhràthair caomh 's fear-pòsda gaoil,
 'S cha chaochail iochd no ghradh dhith.

EARAIL DO OIGRIDH SGIRE BHARBHAIS.

- 1 Oigridh an àite so gabhlibh gu crì e,
 Tha cuid dhibh fo sgannal nach ceanalt' ra innse,
 'S ma tha e na fhìrinn, 'ur mi-chliù cha bheag,
 Tha sud rabhadh do chàch a bhi ghnà air am faicioll,
 O bhuaireadh an t-sàtain, o cheòl-gàire so mhaenus
 'So thighean a chéilidh 'so dhéigh air daoin òga,
 Bhi luidhe ri 'n cliathaich gu riarrach na feòla, (1 Pct. ii. 11.)
 'S an aoibhinn do'n oigridh ni còrdadh ri sin,

- 2 Bheirinn comhairle dhileas dha na nigh'nagan óga,
 Iad a dhúnadh ri Criosda's e 'g iarraidh am pòsadh,
 'S ma ni iad ris eórdadh air a phòsadh bidh buil,
 Ni esan gu cinnteach gach aon dhibh a thearnadh,
 O 'ur peacanaibh diomhair 's o mhiannaibh 'ur nàduir,
 'S ni éifeachd na fala 'ur glanadh ro àillidh,
 'S trc chreideamh na 'r n-anam bidh sibh ceangailt a ghnà ris
 Gus an gairm e le bàs sibh gu àrois na sìth.
- 3 Gach fleasgach gun nàire bhios a tàladh na nigh'nag,
 Gu seirbhis an t-sàtain le mènran 's le briodal,
 Gus am faigh iad 'san lòn iad 's gun strìochd iad d' an toil,
 Thoir an aire na thrà, tha do nàmhaid ro sheòlta,
 'S ma bhios tu 'n ad thráil dha bidh e gealltain dhuit sòlais,
 'Se peacannan beaga bhios e teagastg an tòs dhuit,
 Gus am fàs thu ma dheireadh gun eagal romh'n dòhhcart,
 'S gun criochnich do shòlas an dòruinn gun chrìch.
- 4 Gabh seòladh an fhacail 's thoir seachad bhi riarachadh,
 Miannibh a pheacidh gun bhacadh 's gun srian riù,
 Mas fagar le Dia thu do 'n Diabhlul 's dhuit fèin,
 Iarr còmhnhadh o Chriosda's e do dhion anns gach gàbhadh,
 'S ann annsan tha dìdean a bhuaireadh do nàmhaid,
 Cuimhnich Ioseph 's an Eiphit 's dean fèin mar a rinn e.
 'S fhuair e 'n fheòil air a ceusadh 's chad' ghéil e dha aimhleas
 Ge do bhuaireadh gu teann e cha do shanntaich e 'n t-ole.
- 5 Oigridh gun chûram tha 'ur sùilean gun léirsinn,
 Tha sibh marbh anns a' pheacadh 's ur tlachd anns an cuoir,
 'S tha Criosd air a cheusadh gun sgéimh ann 'ur beachd,
 Dia an t-saoghal le innleachd rinn 'ur n-inntin a dhalladh,
 Tha 'n soisgeul gun bhrìgh dhuibh ged tha Criosd ann gu 'r
 n-earail,
 Sibh a thighinn da ionnsuidh chum ur n-ionnlaid 's ur glanadh,
 'S làmhan ruibh sìnnte chum gach aon dhibh a ghabhail,
 'S ma thig sibh d'a ionnsuidh cha diùltair lcis sibh.
- 6 Ach sibhse fhuair gràs sa thug gràdh do 'n fhear-shaoraidh,
 Biadh 'ur taic ris a ghnàth dol tre fhàsach an t-saoghal,
 Chum 'ur cumail gun chlaonadh 's an aonachd ri chéil,
 Biadh 'ur creidimh 's ur dòchas an còmhnaidh an cleachdad,
 Ach na cuiribh an ait iad a ghràis a tha 'n tasgaidh,
 Ann an lànachd Immanuel 's ann tha 'ur beartas,
 Biadh 'ur sùil ris a ghnà 's réir 'ur là bheir e neart dhuibh,
 Gus an teid sibh thar Iordan 's bidh 'ur bròn aig a' chrìch.



- 7 Biodh 'ur gràdh do na bràithrean gun fhàiling ga nochdad, Do 'n t-saoghal mu'n cuairt duibh 's ann is luath theid an cosnad,
 Gu géilleadh do Chriosda 's gu bhi 'g iarraidh air sgeul, Biodh 'ur n-earail dhoibh caoïnh is 'ur gaol dhoibh ro bhàigheil 'S ur cleachdad cho naomha 's nach faodar leo àicheadh, Gur sluagh sibh tha beannaicht 's gum bu mhath leo 'ur càirdeas,
 Biodh 'ur n-ìrrnuigh na tèrruинг chum an anam bhi sàbhailt, 'S gum faigheadh iad gràsan O ardrigh na sith.
- 8 Bidh mi nis a codhunadh le mo dhùrachd is m'earbsa, Gu'm bi euid dhibh co dhiu a bheir dùnlachd do m'shìanchas 'S nach bi sibh rium feargach no dearmad 'ur leas, Is tréigibh gach comunn a bhios coma ma'n anamibh, Oir 's e sgrios agus dolaidh bhios air deireadh an t-seanchais, Ach iarribh bhi 'gimeachd mar ri Chriosda 's ri threud-san, 'S biodh fhocal 's a spiorad ga'r tioreadh o'n encoir, 'S bidh sonas is aoibhneas dhuibh mar oighreachd am feasd.

EARAIL DO MHARI ARNOIL.

- 1 Air dhomh bhi smaoineach air Màiri, Bhios a chòmhnuidh an Arnol, Bheirinn earail 's an dàn so, Dhut an càirdeas 's an gaol, Oir tha mi duilich a chlàistinn, Gur e do theist o gach nàbidh, Nach bu toil leat an àitim, A tha nan càirdean do Chriosd, Bidh tu falbh feadh gach àite, 'Leantuinn cleachdad an t-sàtain, A sìr chasadid na'm bràithrean, (Rev. xii. 10.) Ris nach àill leat bhi'n sith, Is cha n-ioghnadh ged tha thu, Na'd chùis nàire do'd chàirdibh, 'S na'd chùis ghràin anns gach fàrdaich, Ann an gnà leat a bhi.
- 2 Ach 's e m'earail 's an dàn so, Thu sgur do phacaideachd shàtain,

Is teich gu luath ehum an t-slànuighear,
 Is gheibh thu fhàbhar 's a shith,
 Is gheibh thu gean agus fàilte,
 Bho gaeh neaeh ann san nàbachd,
 'S tu air do lionadh le gràdh dhoibh,
 Is do na bràithrean 's do Chriosd,
 Ach, gabhsa m' earail gu tràthail,
 Is na cuir suaraeh le tàir i,
 No le uabhar is àrdan,
 Aeh thoir àit' dhith gu eaomh,
 'S biodh do ehridhe ga fhàsgadh,
 Fo gheur bhròn 's fo mhòr nàire,
 'S do thaie air feartan an t-slànuighear,
 Le ereideamh slàinteil 's le gaol.

- 3 Ma ni Criosda do theàrnadh,
 Is dhuit gu 'm beanuuich e 'n dàn so,
 Ni e maiseach le ghràs thu,
 Na do ghnas 's na do ehrí,
 Bidh t-fhéin-fhìreantaehd tàireil, (Phil. iii. 8-9.)
 Is air a meas leat ro ghràineil,
 'S an obair ghreise le snàthaid, (Ps. xlv. 14.)
 Théid thu 'n làthair an righ,
 Is ni thu 'n aidmheil rinn Paul dha,
 Bha mis' am eueorach dàna,
 Gad gheurleanmhuin nad ehairdibh,
 'N uair a ghràdhieh thu mi,
 'S bidh aoibhneas ùr ann 's na h-àrdibh,
 Ach fraoch is fearg air an Dràgon,
 'S bidh Màri Magdalen Arnoil
 An sin air àireamh na naoimh.
 Amen agus Amen.

"Tha Caraid ann a leanas ni 's dlùithe na bràthair."
Gnath. xviii, 24.

Tha m' inntinn trom, is cha togar fonn leam,
 'S cha teid mi 'n eainnt na h-uile fir,
 Cha 'n 'eil mo chàirdean ach teare san àit so,
 Aeh 's math naeh d' fhàg iad uile mi.

Cha 'n 'eil mo, &e.

Cha toir mi ionnsuidh do Shiadar Ùachdrach,
 'S mo charaid suairee fàs fionnuar riun.

Cha toir mi, &c.

'S e meud mo mhuninghin na chaoimhneas tlà,
 A dh' fhàg sud na chràdh 's na mhulad dhoimh.

'S e meud mo, &c.

Bidh gràdh naùn bràithrean uair lag 's uair làidir,
 'S tha gràdh an t-slànuighear bunailteach.

O! se tha blàth, agus làn do ghràdh dhomh,
 An tì a bhàirig fhuil orm.

An caraid caomh a tha làn do ghaol dhomh.

'S a chaoidh nach caochail tuilleadh e,

Ged tha mo ghaol-sa ro fhuar, is caochlach,

'S a dol an taobh nach buineadh dha.

'S e eòlas slàinteil air cliù Imanuel,

Bheireadh slàint do'n uireasach.

Tha ainmean glòrmhor ro làn do shòlas, (Dan. i. 3.)

Do'n dream fhuair eòir na fhulangas.

'S e'n sagart caoimhneil, 'sc 'm fàidh, 'se'n rìgh e,

'S e'n caraid gaoil, 'se'n Urras e.

'S o thug e dioladh air son am fiachan, (Gal. iii. 13.)

A chaoidh cha'n iarrar tuilleadh iad.

'S fear tagraidh buadhach 's na nèamhan shuas e, (1 Eoin
 Le iochd is truas na chridhe dhoibh, [ii. 1.]

'S e'n lighich caomh e, 's tha chungaидh saor dhoibh,

'S cha'n fhàg e gaoid na tinneas annt'.

Si fhuil an ioc-shlàint, is dhiol i'm fiachan,

'S tha athair riaruicht tuille leo. (Rom. viii. 33.)

O'n phàigh e'n éirig, 'n uair chaidh a cheusadh, (Job xxxiii.)

Cha'n flìag e chéil an ciomachas. [24.]

'S mar thoradh uasal aiseiridh bhuadhach,

Bheir dhachaidh suas gu dligheach iad.

Tha'n lagh air àrdach, 's ta ceartas sàsaicht', (Roin.x.4.)

'S cha chlann do'n t-sàtan tuilleadh iad.

O's milis gràdhach am focal Abba, (Gal. iv. 6.)

'N uair gheibh iad blà o'n spiorad e.

Bidh Criosd is iadsan an sin nam bràithrean,

'S cha deàn e tàir air duine dhiubh.

Fear-pòsda dileas, is breitheamh sìthail,
 S cha'n eagal ditidh tuilleadh dhoibh. (Rom. viii. 1.)
 'S ged ni iad striop'chas le ionadh iodhal;
 'Se chuireadh fial dhoibh pilleadh ris. (Jer. iii. 22.)
 Tha'n cùmhant siorruidh cho diongmhalt rianail, (Isa
 'Se sin an dion nan cunnartaibh [lv.3. & 2 Sam.xxiii.5.]
 'Sged bhios iad brònach an taobh so dh'Iòrdan, (Jno.xvi.33)
 Theid iad gu glòir le subhachas.
 A' dol tre'n fhàsach bidh oidhch' is là ac,
 'S trid fear an gràidh cha chunnard dhoibh.
 Rinn truailleachd nàdnir, is cuilbheart Shàtain,
 Mar chùird ro làdir ciomaich dhiubh.
 Tha corp a bhàis ac, tha osnaich Phàil ac, (Rom.vii.24.)
 A dh' fhàg fo chrádh nan spiorad iad.
 Tha'n cogadh làthail, stha'n naimhdean làdir, (Eph.vi.12)
 'S tha laigs an grais cur giorag orr.
 Ach tre ghràs lag is fann mar tha iad,
 Gheibh iad fon sàil gach Philisteach.
 O fhuair iad fhàbhar, is roinn do ghràsan,
 Cha tréig's cha'n fhàg e builleach iad.
 Ged cheil e ghnùis orr air son eas-ùmhlachd,
 Tha iomairt dhlù na innigh dhoibh. (Jer. xxxi. 20.)
 'Se gràdh a chùmhant bheir air an sgiùrsadh,
 Ach's ann a chum am pilleadh ris. (Eabh. xii. 6.)
 'N uair bhios an gòraich na phian's na bhròn dhoibh,
 'N sin bheir e pòg ro mhilis dhoibh.
 'S bidh déoir an t-sòlais am measg a' bhròin ac,
 Le rùn nach leòn iad tuileadh e.
* Ni coguis anmhuinn am peacadh searbh dhoibh,
 'S ni gràdh gun cheilg na thinneas e.
 'S ged bhios a nàmhaid le shaighdean bàsmhor,
 A lot 'sa cràdh an cridheachan.
 Tha'n sùil ri libhbrig, le Dia na sìthchaint,
 'Sa ghealladh fior mar urras ac'.
 Gu'm brù e sàtan fa dheòidh fo'n sàiltibh, (Rom.xvi.20.)
 O sud an là ni subhach iad.
 Tha beath' is sìth, ac' na fhacal prìseil,
 'N uair bhios an inntinn spioradail. (Rom. viii. 6.)

Is bheir sin ùrach do'n chridhe blàrùite,
 'S bheir sleamhnach-cùil gu pilleadh ris.
 'S an àite seargaidh, is oibre marbha,
 Bidh aca sealbh is cinneachadh.

'S ni spiorad uasal le fheartan buadhach,
 Gach neach dhiubh nuadh 's na h-uile ni. (2 Cor. v. 17.)
 'S e chuireas blàs ann an àite fuachd dhoibh,
 'S an àite cruais bidh timeachas.

'S e bheir dhoibh dùrachd, is toil gu ùrnugh,
 Is bheir e bràiteachd spioraid dhoibh.
 'S e bheir dhoibh eòlas, is beath' is sòlas,
 'S bidh glòir Iehobha muilleach ac'.

Is bheir e gràdh ann an àite fuath dhoibh,
 'S an àit an uabhair irisleachd.

'S e chuireas soillse 's an tuigse dhorcha,
 'S an àite ceilg bidh treibhdhireas.

'S e creidimh beo air a ghràdh 's a thròcair.
 A bheir dhoibh dòchas bunaiteach.

'S thig foirm, is féin, agus spiorad àrd,
 Gu bhi fàs na ghrain 's na thinneas dhoibh.

'S bidh gràdh an Ard rìgh, is gràdh nam bràithrean,
 Cur mais gach là nanimeachd orr.

'S 'n uair thig am bàs theid iad suas gu Phàras;
 A seinn buaidh-larach spioradail.

Is gheibh iad aoibhneas, is sìth mar oighreachd;
 'S cha tig an oidhche tuilleadh orr. (Isa. lx. 19.)

Ach latha siorruidh 'san grian gun nial orr,
 'S hosanna 'm bial gach duine dhiubh.

Do'n Uan a shaor iad, 's a cheannaich daor iad,
 'S a ghlan gach gaoid le fhuil asda.

